



STIÙIREADH POPPYSCOTLAND

do sgoiltean mu bhith a' togail airgead

poppy   
scotland



## CARSON A THOGAMAID AIRGEAD AIRSON POPPYSCOTLAND?



Bidh a h-uile sgillinn a thogas sibh do Poppyscotland a' cuideachadh coimhearsnachd nam Feachdan Armaichte ann an Alba.

Co-dhiù tha seann shaighdear a' strì le leòn blàir a dh'atharraich am beatha, le trauma saidhgeòlach, cruadal ionmhais, dìth dachaigh no a bheil iad ri mì-ghnàthachadh dhrogaichean gus dèiligeadh ris, tha sinn an seo gus an cuideachadh.

### DAONNAN A' CUMAIL CÙL-THAIC RIUTHA

Tha Poppyscotland ainmeil airson a bhith a' ruith an Scottish Poppy Appeal a bhios, le do chuideachadh, a' togail còrr is £2 millean gach bliadhna.

Tha seo, còmhla ris an airgead a bhios sin a' togail fad na bliadhna, a' toirt cothrom dhuinn taic agus maoinachadh sònraichte a thoirt do na mìltean de sheann luchd-obrach nam Feachdan Armaichte a bharrachd air a bhith a' toirt seachad sheirbheisean deatamach ann an:

- comhairle
- cosnadh
- gluasadachd
- taigheadas
- taic slàinte-inntinn

Tha sinn den bheachd nach bu chòir do shaighdear sam bith a bhith beò gun dùil ri cosnadh, deagh shlàinte, agus dachaigh às dèidh dhaibh seirbheis a thoirt dhan dùthaich aca.

Bho 1921 tha sinn air mòran fhìreannaich, boireannaich agus theaghlachan a chuideachadh le cùisean co-cheangailte ris an ùine aca anns na Feachdan Armaichte no a tha a' strì leis an atharrachadh bho bheatha an airm gu 'Sràid nan Civvy'.

Ge b' e dè an taic a tha a dhìth orra, tha sinn an seo.

### A' CUMAIL TAIC RI DÒMHNALL

Bha Dòmhnall na shaighdear ann an cogadh nan Eilean Fàclannach agus bha e gun dachaigh fad sia mìosan às dèidh dha an t-Arm fhàgail.

Le cuideachadh bho Poppyscotland, thug Dòmhnall cruth-atharrachadh air a bheatha agus an-diugh tha e ag obair ann am Factaraidh Chrom-lusan Lady Haig ann an Dùn Èideann.



COINNICH RI

*Dòmhnall MacLeòid*

"Nuair a tha thu a' fuireach air na sràidean, ionnsaichidh tu gu bheil tòrr de na daoine ris an coinnich thu nan seann shaighdearan. Bidh saighdearan ag ionnsachadh a bhith a' tighinn beò ann an dòigh shònraichte; a bhith gu tur an urra riutha fhèin Nuair a thig thu a-mach às na feachdan armaichte, chan eil duine sam bith a sheallas dhut dè nì thu. Anns an Arm, tha do bheatha air a ruith air do shon, ach chan ann mar sin a tha cùisean san t-saoghal mhòr, agus is ann air sgàth sin nach bu chòir do sheann shaighdearan mar mi fhèin a bhith leis gu cuideachadh iarraidh."



## MAR A NÌ AN OBAIR TOGAIL-AIRGID AGAD DIOFAR

### BHEIR SUIM CHO BEAG RI £10 CRUTH-ATHARRACHADH AIR BEATHANNAN

Seo beagan eisimpleirean de na rudan a ghabhas dèanamh gach latha den bhliadhna mar thoradh air an obair togail airgid agad.

**£10** – A’ cuideachadh le cosgaisean siubhail aig seann shaighdear airson a dhol gu agallamh obrach.

**£20** – ‘S e beatha eagallach is aonaranach a th’ ann a bhith a’ fuireach air na sràidean. Bheir sùim cho beag ri £20 àite-fuirich do sheann shaighdear gun dachaigh fad oidhche.

**£50** – Tha an rathad gu ath-shlànachadh uaireigin fada agus dùbhlanaich. Dh’fhaodadh £50 turas latha a thoirt do sheann shaighdear a tha a’ fulang le dùbhlain slàinte-inntinn, a’ toirt cothrom dhaibh àrainneachd eile fhaicinn, a dh’fhaodadh a bhith na phàirt chudromach den ath-shlànachadh aca.

**£153** – Cosgais Aithisg Teiripe Ceàirde (Occupational Therapy) gus measadh a dhèanamh air mar a ghabhas àrainneachd dachaigh a leasachadh agus atharrachadh airson feumalachdan sònraichte.

**£697** – An tabhartas tòiseachadh dachaigh cuimseach gus nithean riatanach a cheannachd.

**£1337** – Seo an t-suim chuibheasach a thèid a thoirt seachad airson atharrachaidhean so-ghluasadachd airson taighean.

\*Figearan air an toirt bho Aithisg Bhliadhnail Seirbheisean Sochairean Poppyscotland 2019/20.



### 25 BEACHDAN BROSACHAIL

Faigh brosnachadh airson iomadh eòlas foghlaim is togail airgid airson nan sgoilearan agad leis an Stiùireadh mu Thogail-airgid againn do Sgoiltean. Tha 25 beachdan sìmplidh ach cruthachail ann gus do chuideachadh le bhith a’ toirt taic do Poppyscotland.





# A' TOGAIL AIRGEAD AIRSON SÀR-MHATHAS - LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS

Tha na beachdan againn airson dùbhlain togail-airgid loma làn cothroman ionnsachaidh eadar-chuspaireil guis cuideachadh gus luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine mhisneachail, saoranaich chunntachail, agus com-pàirtichean èifeachdach a chruthachadh.

## Daoine misneachail

Le:

- fèin-spèis
- sunnd corporra, inntinneil agus faireachail
- luachan agus beachdan tèarainte



agus a bhith comasach air:

- daoine eile a thuigsinn agus iad fhèin a stiùireadh
- dòigh-beatha fhallain agus ghnìomhach a bhith aca
- fèin-mhothachadh a bhith aca
- am beachdan fhèin agus sealladh den t-saoghal aca fhèin a chruthachadh agus a chur an cèill
- a bhith a' tighinn beò cho neo-eisimeileach 's as urrainn dhaibh
- cunnartan a mheasadh fiosaichte a dhèanamh
- a bhith soirbheachail an

## Saoranaich Earbsach

Le:

- spèis do dhaoine eile
- dealas airson pàirt a ghabhail gu ciallach ann am beatha phoilitigeach, eaconamach, shòisealta agus chultarail



agus a bhith comasach air:

- eòlas agus tuigse a thogail air an t-saoghal agus air àite na h-Alba ann
- diofar bheachdan agus chultaran a thuigsinn
- roghainnean agus co-dhùnidhean fiosaichte a dhèanamh
- measadh a dhèanamh air cùisean àrainneachd,

neansail agus t  
hdan fiosaich  
sean toinnte

## Com-pàirtichean Èifeachdach

Le:

- sealladh tionnsgalach
- seasmhachd
- ath-leumachd



agus a bhith comasach air:

- conaltradh a dhèanamh ann an diofar dhòighean agus ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte
- obair ann an com-pàirteachas agus ann an sgiobaidhean
- a bhith tionnsgalach agus a' stiùireadh dhaoine
- smaoineachadh breithneachail a chur an sàs le bun-bheachdan ùra
- cruthachadh agus leasachadh
- duilgheadasan fhuasgladh

## Luchd-ionnsachaidh Soirbheachail

Le:

- spionnadh agus brosnachadh airson ionnsachadh
- miann gus ìrean coileanaidh àrda a ruighinn
- fosgailteachd ri beachdan ùra agus smaoineachadh ann an dòighean ùra



agus a bhith comasach air:

- sgilean litearrachd, conaltradh agus àireamhachd a chleachdadh
- teicneòlas a chleachdadh airson ionnsachadh
- smaoineachadh gu cruthachail agus gu neo-eisimeileach
- ionnsachadh gu neo-eisimeileach agus mar phàirt de bhuidheann
- measaidhean reusanta a dhèanamh
- ceangal agus cur an sàs diofar sheòrsaichean ionnsachaidh ann an suidheachaidhean ùra

Cùm sùil a-mach airson nan ìomhaighean Liosta-sgrùdaidh Curraicealam airson Sàr-mhathas againn fhad a tha thu a' leughadh tro na dùbhlain togail-airgid againn.



Na h-Ealain Chruthachail



Teicneòlasan



Matamataig



Cànanan



Foghlam creideimh agus moraltachd



Slàinte agus sunnd



Cuspairean sòisealta



Saidheansan

Thoir an aire gu bheil Litearrachd, Àireamhachd agus Slàinte is Sunnd air an aithneachadh mar Uallach do na h-Uile.



## A' TOGAIL AIRGEAD AIRSON SÀR-MHATHAS

### SGILEAN AIRSON BEATHA

Le bhith a' gabhail pàirt ann an gnìomhan an dàrna cuid air-loidhne no gu h-ionadail, cuidichidh sin daoine òga gus sgilean a thogail a bhios feumail airson ionnsachadh, beatha agus obair.

Gheibh iad eòlas agus tuigse phractaigeach air an àrainneachd agus coimhearsnachd ionadail aca.

Bheir togail-airgid cuideachd cothrom do dhaoine òga sgilean breithneachaidh a chleachdadh, a bhith ag ionnsachadh bho dhaoine eile, a bhith ag obair mar phàirt de sgioba no leotha fhèin, a bhith a' suidheachadh amas, agus a bhith a' faireachdainn gun do choilean iad rudeigin.

### A' LEASACHADH LUCHD-OBRACH ÒGA

Tha a bhith tionnsgalach, a' smaoinichadh gu cruthachail, a' dèanamh cho-dhùnidhean agus a' measadh chunnartan uile nan sgilean luachmhor a chuidicheas daoine òga gus cur ris na coileanaidhean aca agus gus an ullachadh airson na beatha obrach.

Tha togail-airgid a' toirt cothroman do dhaoine òga diofar sheòrsaichean ionnsachaidh a chur an sàs ann an suidheachaidhean ùra agus dh'fhaodadh e fiu 's buaidh a thoirt air a' chùrsa obrach agus air obair shaor-thoileach a bhios aca san àm ri teachd.



## TOSGAIRAN ÒGA A' CHROM-LUS

### Am bu toil leat a bhith nad Thosgair Òg?

Tha Tosgair Òg Poppyscotland na neach òg a tha ag iarraidh barrachd ionnsachadh mun obair aig Poppyscotland agus a tha airson obair shaor-thoileach a dhèanamh còmhla ruinn.

Bhrosnaich turas sgoile gu Factaraidh Poppy Lady Haig ann an Dùn Èideann mhac-meanmna Summer Saunders agus Kate Miller (an dithis aca 16 bliadhna a dh'aois) à Sgoil Wellington ann an Inbhir Àir.

A' cleachdadh pìosan de shìoda crom-lus a chaidh a thilgeil air falbh, chruthaich na dealbhadairean fasain dreasa crom-lus dearg mìorbhaileach gus coimhearsnachd nam Feachdan Armaichte ann an Alba a chomharrachadh.

Chuir Summer an dreasa oirre aig na Làithean Crom-luis againn ann an Dùn Dè agus Dùn Èideann, a' toirt spionnadh mòr do na tachartasan.

Coimhead air na nigheanan a' bruidhinn air carson a tha e cho cudromach dhaibh a bhith nan Tosgairan Òga: [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

*"Bha sinn air ar brosnachadh gu mòr leis na seann shaighdearan ciorramach a tha ag obair san fhactaraidh - tha iad ag obair cho cruaidh agus tha a h-uile càil air a dhèanamh le làimh," thuirt Summer.*

*"Tha sinn airson ar ginealach a chumail an sàs ann an Cuimhneachadh, tha sinn airson a chumail a' dol." Thuirt Kate cuideachd:*

Ma tha thu airson a bhith nad Thosgair Òg cuir post-d gu [budvolunteer@poppyscotland.org.uk](mailto:budvolunteer@poppyscotland.org.uk)





## DÒIGHEAN GUS AIRGEAD A THOIRT SEACHAD

**JustGiving™**



Is e JustGiving an dòigh as luaithe agus as fhasa air innse do dhaoine mun dùbhlán agad.

### An Sgioba Togail-airgid Roinneil againn

Is urrainn luchd-togail-airgid Roinneil Poppyscotland do chuideachadh le bhith a' cruthachadh duilleag JustGiving. Cuir fios thuca aig [fundraiseforus@poppyscotland.org.uk](mailto:fundraiseforus@poppyscotland.org.uk) no air a' fòn:

Lar – 07458 024646

Tuath – 07453 302351

Ear – 07458 024646

Òrdaich stuthan an-asgaidh leithid iall bhrataichean, balùnaichean agus tionaichean cruinneachaidh a' chrom-luis air-loidhne aig [poppyscotland.org.uk/order-free-resources](http://poppyscotland.org.uk/order-free-resources)



Nì gach tabhartas eadar-dhealachadh a dh'atharraicheas beatha do choimhearsnachd nam Feachdan Armaichte. Tha ceithir dòighean ann airson airgead a thoirt do Poppyscotland:

### AIR-LOIDHNE:

Rach gu [secure.poppyscotland.org.uk](https://secure.poppyscotland.org.uk)

### TAR-CHUR BANCA

Cleachd bancaireachd / app air-loidhne gus do thabhartas a thoirt dhuinn.

Innis dhuinn nuair a tha thu air an t-airgead a chur a-nall le bhith a' cur post-d gu: [fundraiseforus@poppyscotland.org.uk](mailto:fundraiseforus@poppyscotland.org.uk)

**Banca: RBS**

**Ainm a' chunntais: The Earl Haig Fund (Scotland)**

**Còd-seòrsachaidh: 83-06-08**

**Àireamh a' chunntais: 00150048**

**Iomradh: Ainm an neach/buidheann a tha a' toirt seachad an airgid.**

### POST

Cuir seic ri phàigheadh gu Poppyscotland le nòta dè d' ainm agus do sheòladh gu:

**Fundraising Department, Poppyscotland, New Haig House, Logie Green Road, Dùn Èideann, EH7 4HQ**

### FÒN

Faodaidh tu fios a chur chun sgioba taic togail-airgid càirdeil againn uair sam bith air 0131 550 1567 gus tabhartas a thoirt seachad le cairt-creideis. Airson ceistean coitcheann mu Poppyscotland cuir fios gu 0131 557 2782, 9m gu 4f, 5 latha san t-seachdain.



Ghabh Bun-sgoil Bhraicoden pàirt ann an Gealladh Crom-lus 1921 le bhith a' dèanamh Bonnsaigeadh Crom-lus san sgoil. Thàinig a' choimhearsnachd ionadail còmhla cuideachd gus cuideachadh le bhith a' ruigsinn na targaid agus chùm Eaglais Ùr Gardenstown grunn thachartasan togail-airgid. Thog iad £2,123.77 uile gu lèir!



## 25 BEACHDAN BROSNA CHAIL



### 1. DÙBHLAN MEADHANAN SOISEALTA SGOILE

Nuair a tha lomairt togail airgid Poppy na h-Alba a' tighinn faisg, carson nach brosnach thu a' choimhearsnachd sgoile air fad agad a dhol an sàs ann an dùbhlain sònraichte air na meadhanan sòisealta?

- Larr air do Cheannard Sgoile a bhith a' postadh gu Twitter no Facebook na sgoile agad a' brosnachadh sgoilearan, pàrantan agus tidsearan rudeigin sònraichte a dhèanamh – faodaidh an obair a bhith spòrsail, dùbhlainach, iongantach no rud sam bith eile - an uair sin tog dealbh no bhidio den ghnothach.
- Larr air a h-uile duine na dùbhlain aca a phostadh air na meadhanan sòisealta aca fhèin, a' tagadh na sgoile agus Poppyscotland. Cuidichidh seo le bhith a' sgaoileadh fios agus le bhith a' brosnachadh dhaoine eile gus sponsaireachd a thoirt dhaibh.

### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



**JustGiving**  **poppyscotland**



**A BHEIL FEUM AGAD AIR CUIDEACHADH LE BHITH A' PLANADH AN TACHARTAIS TOGAIL-AIRGID AGAIBH?**

Cuir post-d gu [fundraiseforus@poppyscotland.org.uk](mailto:fundraiseforus@poppyscotland.org.uk) agus cuiridh sinn conaltradh air dòigh leis an Neach-togail-airgid Roinneil againn



## DÙBHLAIN COIMHEARSNACHD IONADAIL



### 2. SOILLSICH TOGALACH ANN AN DEARG

Thoir air do sgoil agus do ghnìomhachasan/buidhnean coimhearsnachd ionadail eile a dhol an sàs san iomairt nàiseanta #LightUpRed #SoillsichAnDearg againn [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

Gach bliadhna thèid na ceudan de thogalaichean air feadh na h-Alba a shoillseachadh ann an dearg gus cuimhneachadh agus gus taic a nochdadh do dh'iomairt togail-airgid Poppy na h-Alba.

Am measg nan comharran-tìre ainmean a tha a' gabhail pàirt gu cunbhalach, tha Caibeal Rosslyn, Caisteal Eilean Donnain agus Bogsa Fèineagan Chiseorn.

**LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS**



### 3. CROM-LUSAN MÒRA SNA H-UINNEAGAN

Dèan crom-lusan mòra a-mach à cairt agus pàipear eadar-fhighte agus cuir iad ann an uinneagan na sgoile agad. No iarr air gnìomhachasan sponsaireachd a thoirt do chrom-lus a rinn thu. Faodaidh tu taisbeanadh sgoinneil de chrom-lusan a chruthachadh air an t-sràid àrd ionadail agad gus airgead a thogail do Poppyscotland.



**LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS**



### NA DÌOCHUIMHNICH FÌOS A SGAOILEADH

Tagaidh sinn air na meadhanan sòisealta a' cleachdadh @poppyscotland no #Poppyscotland





## MAR A THOGAS TU £100



### 4. LATHA AN AODACH DHEIRG

Cuir aodach dearg ort airson an latha sgoile air fad gus airgead a thogail airson Scottish Poppy Appeal.

LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM  
AIRSON SÀR-MHATHAIS



### 5. CUART A' CHROIM-LUIS


Tha cuart le sponsaireachd na dhòigh luath is spòrsail airson airgead a thogail le caraidean agus gus piseach a thoirt air slàinte is sunnd a h-uile duine.

Coisich gu seann raon-catha, gu carragh-cuimhne cogaidh ionadail no dìreach coisich timcheall air àrainn na sgoile mar phàirt den mhìle làitheil agad.

- Cleachd ar **Cairtean Coiseachd le Urram** gus cuimhneachadh air ainm cuideigin a tha thu a' coiseachd gus cuimhneachadh. [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

- **Pròiseact rannsachaidh cuimhneachaidh:** Coisich dhan charragh-cuimhne cogaidh ionadail agad agus sgrìobh ainmean luchd-obrach nan Seirbheisean air a' chlàr. Cleachd an leabharlann ionadail agad agus clàran ann an talla a' bhaile gus ionnsachadh mu na fir is na boireannaich a chaill am beatha. No thoir sùil orra air làrach-lìn Coimisean Uaighean Cogaidh a' Cho-fhlaitheis [www.cwgc.org](http://www.cwgc.org)

LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM  
AIRSON SÀR-MHATHAIS



## POPPYSCOTLAND'S Walking to honour

I am walking to honour

Showing respect and gratitude to those who have served, those still serving and their families.

PARTICIPANT'S NAME



## MAR A THOGAS TU £100



### 7. TOMHAS CIA MHEUD CROM-LUS A TH' AIR A' PHOSTAIR?

Cuir tòrr mòr stiocairean de chrom-lusan air duilleag pàipear A4 no A3, agus iarr air do charaidean tomhas cia mheud crom-lus a tha sa phostair.

#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



### 6. CÙM TACHARTAS TÌ IS TÒST

Chan fheum thu ach tòst, pocannan tì, bainne agus companaich airson tachartas **Tì is Tòst** sgoinneil.

**An robh fhios agad:** Tha Tì is Tòst a' tighinn bho thraidisean nam feachdan armaichte a bhith a' faighinn cupa tì agus pìos tòst aig amannan fois nuair a tha iad air falbh air eacarsaich, a' cur dachaigh nan cuimhne.

Is urrainn sgioba Togail-airgid Roinneil Poppyscotland do chuideachadh le bhith a' planadh an tachartais Tì is Tòst agad agus stuthan an-asgaidh a thoirt dhut leithid stiall-bhrataichean crom-luis, neapraigean, stiocairean crom-luis, tionaichean cruinneachadh a thoirt dhuibh.

Luchdaich sìos foirmeachd agus barrachd stuthan spòrsail an seo: [poppyscotland.org.uk/tea-toast](http://poppyscotland.org.uk/tea-toast)



#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS





## MAR A THOGAS TU £100

### 8. RUIH A' CHROM-LUIS

Siuthad! Ruith do rèis fhèin aig an astar agad fhèin agus dèan do dhìcheall!

Cuir post-d chun an Sgioba Thachartasan aig Poppyscotland aig [fundraiseforus@poppyscotland.org.uk](mailto:fundraiseforus@poppyscotland.org.uk) gus Lèintean-t Poppy Run oifigeil òrdachadh dhuibh fhèin agus do do charaidean.

Tha lèine-t agus bonn Poppy Run mar phàirt den chis clàraidh agad, agus ma thogas tu còrr air £100, gheibh thu bonn sònraichte.



### 9. CUAIRT CHÒN A' CHROM-LUS

Thoir air do charaidean ceithir-chasach agus an luchd-seilbh aca a dhol air cuairt sa phàirc ionadail agad.

Ceangail riobanan no bandana dearg ri collar no iall do choin gus am faic a h-uile duine cho spaideil 's a tha iad.



LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM  
AIRSON SÀR-MHATHAIS



LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM  
AIRSON SÀR-MHATHAIS



### NA DÌOCHUIMHNICH FÌOS A SGAOILEADH

Tagaidh sinn air na meadhanan sòisealta a' cleachdadh @poppyscotland no #Poppyscotland



## MAR A THOGAS TU £100


### 10. POPPY BOUNCE

Gabh spòrs agus tog-airgead aig an aon àm le tachartas Poppy Bounce!

Dh'fhaodadh tu trampoline, ball bocaidh, bata-pogo, no fiù 's caisteal bocaidh a chleachdadh.

Òrdaich hopairean-fànais an-asgaidh airson an tachartais Poppy Bounce agad aig [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS




### 11. FARPAIS CEISTEAN A' CHROM-LUIS

"Càite an tèid an t-airgead gu lèir bho lomairt togail-airgid Poppyscotland?" agus "Am feum mi crom-lus a chur orm?"

Coimhead air an fhilm ghoirid againn **The Truth Behind The Myths** agus an uair sin dèan farpais nan ceist againn: **11 Rudan nach robh fios agad mu dheidhinn a' chrom-luis** an seo: [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

Tog orra sin gus farpais cheist nas fhaide a chruthachadh a' cleachdadh fiosrachaidh mun Chogadh Mhòr agus mun Dàrna Cogadh a bh' agad mar-thà.

#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



### 12. ROTHAREACHD A' CHROM-LUIS

Leum air do bhaidhc no fiù 's do sgutair agus cuibhlich timcheall air raon-cluiche na sgoile no dèan rothaireachd bhiortail san gym ionadail agaibh. Iarr air caraidean is teaghlach do sponsaireachd.

Is urrainn Sgioba Togail-airgid Roinneil Poppyscotland stuthan a chur thugad an-asgaidh leithid stiall-bhrataichean chrom-lus, agus balùnaichean gus do shlighe rothaireachd a sgeadachadh. [poppyscotland.org.uk/order-free-resources](http://poppyscotland.org.uk/order-free-resources)

#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



### NA DÌOCHUIMHNICH FÌOS A SGAOILEADH

Tagaidh sinn air na meadhanan sòisealta a' cleachdadh @poppyscotland no #Poppyscotland




## MAR A THOGAS TU £100



### 13. TAIGH-TASGAIDH POP-UP A' CHOGAIDH MHÒIR IS AN DÀRNA COGAIDH

Dèan sgrùdadh air beatha ann am Breatainn aig àm nan Cogaidhean agus cruthaich taigh-tasgaidh dhan chlas agad.

Cuir ort aodach den t-seòrsa a bhiodh air ginealach a' chogaidh, no bi nad neach-iùil agus seall do bhuidhnean bliadhna eile na tha thu air ionnsachadh mu chòmhstri.



**Moladh rannsachaidh:** Faic am Pasgan Cuimhneachaidh Latha VE 75 againn air-loidhne aig [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide) no òrdaich lethbhreac an-asgaidh den fhoillseachadh seo le dealbhan brèagha tron làraich-lìn againn agus ionnsaich mu mar a bha beatha ann am Breatainn aig àm an Dàrna Cogaidh.

Larr air an sgoil agad ParentPay a stèidheachadh gus an urrainn do phàrantan/ luchd-cùraim tabhartas a thoirt do Poppyscotland air-loidhne.

### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



### 14. CO-FHARPAIS LEUGHaidH A' CHROM-LUIS

Thoir dùbhlán dhan chlas agad an uiread 's a ghabhas de leabhraichean, dàin agus sgeulachdan goirid a leughadh mu chòmhstri agus fògarraich taobh a-staigh 24 uairean.

Faigh iasad de sgeulachdan mòr-chòrdte leithid War Horse, The Boy in the Striped Pyjamas agus The Poppy Story Book bho leabharlann na sgoile agad.

Larr air caraidean is teaghlach sponsaireachd a thoirt dhan chlas agad airson gach leabhar no mionaid de leughadh.

### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS





## MAR A THOGAS TU £100


### 15. FÈILL REIC BÈICEARACHD A' CHROM-LUIS

Seall cho math 's a tha na sgilean bèicearachd agad dhan a h-uile duine agus tog airgead leis na beachdan bèicearachd blasta seo - Cèic Cupa a' Chrom-luis is Bileagan Reasabaidh Briosgaidean a' Chrom-luis

[poppyscotland.org.uk/tea-toast](http://poppyscotland.org.uk/tea-toast)

Faigh beachdan bèicearachd bho Bhun-sgoil Pheit na h-Uaimhe agus Acadamaidh Lite.

### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



### 16. PEANTADH-AODAINN A' CHROM-LUIS

Bidh peantadh aodainn a' cur spòrs ris an tachartas togail-airgid agad. Mar sin cuir na peantan aghaidh agad air dòigh cho math ri cathair chomhfhurtail do na custamairean agad agus tòisich air peantadh.

### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS





## MAR A THOGAS TU £300

### 17. NIGHE CHÀRAICHEAN A' CHROM-LUIS

Tha e spòrsail a bhith a' nighe chàraichean do charthannas, tha e furasta a chur air dòigh agus na dheagh dhòigh air airgead a thogail ag obair mar phàirt de sgioba.


Co-dhùin còmhla càite an gabhadh an seisean nighe càr a chumail:

- Raon-cluiche na sgoile
- Pàirc chàraichean ionad coimhearsnachd
- Pàirc chàraichean aig bùth-mhòr (feumar cead)
- Pàirc chàraichean san àite-obrach (thèid do chàr a nighe fhad 's a tha thu ag obair)
- Anns na gàraidhean aig daoine a tha an sàs ann

Cuidichidh an t-àite a thaghas tu le bhith a' planadh mar a bu chòir dhut cuimseachadh air daoine a tha a' dol seachad. An uair sin, cruinnich na bucaidean, spongan agus saplais agad.

Agus feumar cothrom a bhith agaibh air uisge cuideachd!

**LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS**



### 18. CÙRSA DHÙBHLAN A' CHROM-LUIS

Tunailean, ballachan 10 troighean, bàraichean muncaidh, fàinneachan Ninja, sreap ròpa agus gu leòr cnapan-starra eabar is uisge.

Tha cùrsa dhùbhlán (assault course) fìor math airson a bhith a' togail airgid. Dìreach smaoinich air na dealbhan eabarach a bhios agad airson a chur suas air an duilleig JustGiving agad.

Is urrainn dhut cùrsa dhùbhlán a chruthachadh ann an raon-cluiche na sgoile, no latha a chur air dòigh ann an cùrsa dhùbhlán faisg ort: [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

**LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS**



**A BHEIL FEUM AGAD AIR CUIDEACHADH LE BHITH A' PLANADH AN TACHARTAIS TOGAIL-AIRGID AGAIBH?**

Cuir post-d gu [fundraiseforus@poppyscotland.org.uk](mailto:fundraiseforus@poppyscotland.org.uk) agus cuiridh sinn conaltradh air dòigh leis an Neach-togail-airgid Roinneil againn



## MAR A THOGAS TU £300

### 19. CO-FHARPAIS BALL-COISE A' CHROIM-LUS

Cuir geama ball-coise carthannais air dòigh airson spòrs no gus seann sgoilearan bhon sgoil agaibh a chuimhneachadh a chaill am beatha sa Chogadh Mhòr, san Dàrna Cogadh no ann an cogaidhean eile bhon uair sin.

Faigh brosnachadh bhon gheama ball-coise ann an 1914 a chaidh a chluich eadar saighdearan Breatannach is Gearmailteach anns na tranrsaichean air Latha na Nollaig 1914 agus fois fòirneirt ann, agus cùm Geama Ball Coise Latha a' Chuimhneachaidh le sponsaireachd.

Dh'fhaodadh tu fiù 's èideadh ball-coise a dhealbhadh mar a rinn na Buannaichean Farpais Ionnsachaidh againn ann an 2019 Archie agus Ruairidh bho Àrd-sgoil an Òbain. Carson nach òrdaich thu brataichean airson a' gheama ball-coise agad? [poppyscotland.org.uk/order-free-resources](http://poppyscotland.org.uk/order-free-resources)



#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



### 20. CLUICH A' CHROM-LÙIS (TÈATAR/CEÒL/DANNS)

Cuir air dòigh dealbh-chluich no tachartas ghoirid air co-cheangailte ri còmhstri le brosnachadh bho litreachas, tachartasan làithreach agus/no sgeulachdan aig seann shaighdearan.

Tha an goireas film againn aig Poppyscotland **Veterans' Voices** làn de ghuthan làidir inntinneach bho air feadh na h-Alba. Coimhead air na cunntasan inntinneach aig Iain, Teàrlach is Màiri mun Dàrna Cogadh.

[poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

No gabh brosnachadh bho bàrdachd Wilfred Owen ( Dulce et Decorum Est), Dòmhnall Ruadh Chorùna (An Eala Bhan ann an Gàidhlig no Beurla) agus John McCrae ( In Flanders Fields ).

Faodaidh tu cuideachd tadhal air Clàran Nàiseanta na h-Alba air-loidhne gus leughadh mu mhuinntir na h-Alba aig àm a' Chogaidh Mhòir [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



### NA DÌOCHUIMHNICH FÌOS A SGAOILEADH

Tagaidh sinn air na meadhanan sòisealta a' cleachdadh @poppyscotland no #Poppyscotland





## MAR A THOGAS TU £500




### 21. FÈILL-REIC EALAIN IS LÀMH-CHEÀRDAN

Cleachd pàipear, fealt no rudan a lorgas tu air cuairtean coille gus na crom-lusan agad fhèin a chruthachadh / no gus obraichean ealain co-cheangailte ri crom-lusan a chruthachadh.

No peant crom-lusan air clachan mar a rinn Will Hayden, scout à Inbhir Narann, a thog suim iongantach de £2,200 do Poppyscotland le bhith a' sgeadachadh clachan cuimhneachaidh le crom-lusan agus ainmean shaighdearan a chaidh a mharbhadh sna cogaidhean.

#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS




### 22. DEALBHAICH CASCADE NO MONTAGE CROM-LUSAN

Dèan cascade crom-lusan no obair ealain eile a' cleachdadh nithean ath-chuairtichte airson a shealltainn san sgoil no san sgìre ionadail agad.

No cruthaich montage air balla a' chlas no na trannsa agaibh.

Brosnaich an fheadhainn a tha a' coimhead air na h-obraichean ealain eireachdail agaibh gus tabhartas a thoirt seachad.

#### LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS





## MAR A THOGAS TU £500



### 24. CUIRM-CIÙIL A' CHROM-LUIS / TACHARTAS CIÙIL / CLÀRAICH ÒRAN

Sgrìobh òran no dèan ceòl air a bhrosnachadh le còmhstri agus dòchas airson an àm ri teachd. Cuir air dòigh oidhche de cheòl san sgoil agad.

Òrain airson brosnachadh a thoirt dhut:

**The Beaches of St Valery** le Davy Steele agus am Battlefield Band [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide) (goireas ionnsachaidh Twinkl Scotland agus Poppyscotland).

**In Future Fields** le Sophie Henderson [poppyscotland.org.uk/fundraising-guide](http://poppyscotland.org.uk/fundraising-guide)

Rinn Sophie, Buannaiche Farpais Ionnsachaidh Poppyscotland 2019, òran drùidhteach den dàn a bhuaic a' cho-fharpais agus chaidh 25% den airgead a thog seo gu Poppyscotland.

**LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS**



### 23. PÌOBAIREACHD POPPYSCOTLAND

Le bhith a' seinn na pìoba aige air Didòmhnaich Cuimhneachaidh aig na carraighean-cogaidh ionadail aige, thog Aaron à Siorrachd Rinn Friù còrr is £600 do Poppyscotland.

Tog do phiob agus tog fonn airson Poppyscotland air 11 Samhain.

**LIOSTA-SGRÙDAIDH CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS**





## RACH AIR LOIDHNE




### BOOK BUD

Is e Bud am meanbh-thaigh-tasgaidh eadar-ghnìomhach againn a bhios a' siubhal air feadh na h-Alba a' co-roinn ar tasglann, sgeulachdan nan seann shaighdearan agus eachdraidh a' chrom-lus. Cuir turas den Bhook Bud air dòigh dhan sgoil agad an-asgaidh an-diugh aig [poppybud.org.uk/](http://poppybud.org.uk/)

### 25. ÒRDAICH STUTHAN TOGAIL-AIRGID AN-ASGAIDH

Theirig gu [poppyScotland.org.uk/order-free-resources](http://poppyScotland.org.uk/order-free-resources) airson:

- Bratach "We're supporting the Scottish Poppy Appeal"
- Stiall-bhrataichean
- Balùnaichean
- Pacaidean siol crom-lus
- Postaiean



### BUIDHEACHAS

Bu mhaith leinn taing a thoirt do na sgoiltean agus do na buidhnean a leanas a chuidich sinn le bhith a' cruthachadh ar Leabhar-iùil Togail-airgid do Sgoiltean Poppyscotland.

Iona is Michelle MacKinnon-Rae  
 Summer Saunders  
 Kate Miller  
 Sgoil Wellington  
 Mark Owens  
 Bun-sgoil Park  
 Bun-sgoil Phort Phàdraig  
 Bun-sgoil Rosewell  
 Bun-sgoil Baljaffray  
 Asra Ahmed

Àrd-sgoil Bhaile Uilleim  
 Àrd-sgoil Gryffe  
 Bun-sgoil Chair MoLuaig  
 Bun-sgoil Pàire Christie  
 Bun-sgoil Colinton  
 Bun-sgoil Cross Arthurlie  
 Acadamaidh Chùil Lodair  
 Sgoil-àraich Taobh Cheilbhinn  
 Acadamaidh Lite - Reic  
 Bèicearachd Poppy  
 Bun-sgoil Rosemount

501mh Gearastan Eadar-nàiseanta na h-Alba  
 Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn Taobh Tatha  
 Àrd-sgoil an Òbain  
 Bun-sgoil Pheith na h-Uaimhe  
 Georgi is Robert Watson  
 Isabell Buenz  
 Àrd-sgoil Anderson  
 St Mary's Maol Ros  
 Bun-sgoil Sandwood

Bun-sgoil Naomh Denis  
 Max McDougall  
 Will Hayden  
 First Nairn Scouts  
 Aaron Hughes  
 Sophie Henderson  
 Pauline Moriarty  
 Ayrshire Daily News  
 Bun-sgoil Bracodan  
 Dianne's Dogs  
 Gerry Gorman



Tha Poppyscotland na bhall de bhuidhinn carthannais Legion Rìoghail Bhreatainn agus tha e na ainm malairt air Maoin Earl Haig Alba, Àireamh carthannais Albannach: SC014096. Companaidh chompanaidh earranta le barantas. Clàraichte ann an Alba Àir.194893, New Haig House, Logie Green Road, Dùn Èideann EH7 4HQ. The Royal British Legion, Haig House, 199 Borough High Street, Lunnainn SE1 1AA. Àireamh Clàraidh Carthannais 219279.

A' TOIRT TAIC AIRSON CRUTH-ATHARRACHADH BEATHA DO CHOIMHEARSNACHD NAM FEACHDAN ARMAICHTÈ



Bud



Lady Haig's  
POPPY  
FACTORY  
Scotland

# Faic, cluinn agus fairich eachdraidh a' tighinn beò



Rannsaich cothroman ionnsachaidh farsaing Poppyscotland. Curraicealam airson Sàr-mhathais 3-18.

Bidh gnìomhan agus goireasan beòthail a' toirt dùbhlann do dhaoine òga de gach aois is comas an eachdraidh againn a mhìneachadh agus gus meòrachadh oirre. A' toirt cumhachd dhaibh na beachdan aca fhèin a chruthachadh mu Chuimhneachadh, a' chrom-lus agus a dhìleab.



Goireasan PowerPoint



Flipbooks



Sgeulachdan



Filmichean goirid



Planaichean leasain



Postairean



Gnàth-eòlasan

[poppyscotland.org.uk/learning](http://poppyscotland.org.uk/learning)

 poppyscotland